



**Fèisean nan Gàidheal**  
**Làimhseachadh Cunnairt agus Poileasaidhean**

**Ceann-latha: 15 Ògmhios 2010.**

**Poileasaidh: A' Cleachdadh TF gu h-Iomchaidh**

**Tha am poileasaidh seo na phàirt de cho-chruinneachadh de phoileasaidhean aig Fèisean nan Gàidheal**

**Poileasaidhean Co-cheangailte:** Slàinte & Sàbhailteachd, Measadh Cunnairt DSE, Siubhal & Fònaichean-làimhe, Poileasaidh Làimhseachaidh, Dèiligeadh ri Uallach-inntinn, Àrainneachd, Dìon Chloinne, Dìon Fiosrachaidh, Làimhseachadh Cunnairt, Trèanadh & Leasachadh airson Luchd-obrach, Leabhran an Luchd-obrach

**Adhbhar a' Phoileasaidh:** Gus dèanamh cinnteach gun tèid goireasan TF Fèisean nan Gàidheal a chleachdadh:

- gu laghail
- gu tèarainte
- gun a bhith a' dèanamh cron air Fèisean nan Gàidheal
- gu h-èifeachdach
- ann an dòigh cho-obrachail, earbsach agus le spèis do chàch
- gus an lean iad orra a bhith ann

**Geàrr-iomradh air a' Phoileasaidh:** A' toirt iomradh air cùisean TF, mar chòraichean (bathar-bog is sgrìobhaidhean); tèarainteachd; dìon fiosrachaidh; math Fèisean nan Gàidheal; poileasaidh puist-d; liostaichean sgaoilidh; modh ann am puist-d; a' ceannach is a' cleachdadh bathar-cruaidh is bathar-bog; a' cur bathar-bog air coimpiutairean; a' gluasad agus a' stòradh dàta; a' cleachdadh dhràibhichean fa leth; a' cleachdadh ghoireasan airson adhbharan cur-seachad/pearsanta; coimhead às dèidh na h-uidheim.

**Chaidh am poileasaidh a dhealbh le:** Iona NicDhòmhnaill, Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh

**Chaidh e mu choinneimh na Buidhne Riaghlaidh (ceann-latha):** 01 An Gearran 2010.

**Aontaichte leis a' Bhòrd (ceann-latha):** 18 An Gearran 2010.

**Sgrùdadh mu dheireadh:** An Gearran 2013

**Bu chòir sùil às ùr a thoirt air a' phoileasaidh seo (ceann-latha):** Sa Ghearran 2014.

**Catriona Nic an t-Saoir – 18 An Gearran 2010.**

## Fèisean nan Gàidheal

### Poileasaidh: A' Cleachdadh TF gu h-Iomchaidh

#### 1 Adhbharan a' phoileasaidh seo

'S ann le Fèisean nan Gàidheal a tha na goireasan TF agus goireasan fiosrachaidh aig Fèisean nan Gàidheal agus chan ann le neach fa leth, sgioba no roinn (Nòta1).

Leis a' phoileasaidh seo nì sinn cinnteach gun cleachdar goireasan TF:

- gu laghail
- gu tèarainte
- gun a bhith a' dèanamh cron air Fèisean nan Gàidheal
- gu h-èifeachdach
- ann an dòigh cho-obrachail, earbsach agus le spèis do chàch
- gus an lean iad orra a bhith ann

Tha am poileasaidh seo a' buntainn ri gach goireas Teicneòlas Fiosrachaidh aig Fèisean nan Gàidheal. Feumaidh gach neach-obrach is neach saor-thoileach cumail ris.

#### 2 Ceumannan Smachdachaidh

Ma bhristear riaghailtean a' phoileasaidh a dh'aona ghnathach agus gu dona, thèid ceumannan smachdachaidh a chur an sàs agus an lùib sin 's dòcha gum bi an neach air an casg bho bhith a' cleachdadh nan goireasan coimpiutaireachd.

##### 2.1 Còraichean:

Dèanaibh cinnteach gun cleachd sibh bathar-bog gu laghail a rèir riaghailtean is spiorad nan aontaidhean ceadachaidh is chòraichean. Tha e mì-laghail bathar-bog a chopaigneadh taobh a-muigh nan aontaidhean sin agus dh'fhaodadh gun togar cùis lagha nur n-aghaidh.

##### 2.2 Tèarainteachd:

- Na feuchaibh ri cothrom fhaighinn air fiosrachadh no goireasan air nach bu chòir dhuibh. Tha Achd Mì-chleachdadh Choimpiutairean 1990 a' ciallachadh gur e eucoir a th' ann ma chleachdas sibh coimpiutair gun chead (a' gabhail a-steach PCan agus stèiseanan-obrach) no ma dh'atharraicheas sibh fiosrachadh sam bith. Ma tha sibh a' smaoinichadh nach eil cothrom agaibh air na goireasan fiosrachaidh a tha a dhìth oirbh, cuiribh fios chun an neach a tha a' toirt taic a thaobh FT.
- Na innsibh do luchd-obrach, luchd saor-thoileach no daoine eile dè na faclan-faire a th' agaibh airson siostaman pearsanta no fiosrachadh tèarainteachd eile agus na logaibh a-steach fo ainm cuideigin eile; tha seo a' cur tèarainteachd Fèisean nan Gàidheal an cunnart. Ma dh'ionnsaicheas cuideigin dè am facal-faire a th' agaibh, atharraichibh e no iarraibh air Luchd-taice FT ur cuideachadh (Nòta2).
- Ma dh'fhàgas sibh ur PC gun a bhith logadh dheth, 's ann an urra ribh fhèin a tha e ma thèid a mhì-chleachdadh ann an dòigh sam bith nuair a tha sibh air falbh.
- Dèanaibh sgrùdadh air dìosgaichean sùbailte DAONNAN a thaobh bhiorasan, fiù 's nuair a tha sibh a' smaoinichadh gu bheil iad ceart gu leòr (curibh fios gu Luchd-taice FT airson fios mu mar a nì sibh sin). Faodaidh bhioras coimpiutaireachd goireasan fiosrachaidh Fèisean nan Gàidheal a sgrìos. Chan urrainn dhuibh a bhith ro fhaiceallach.

##### 2.3 Fiosrachadh mu Dhaoine:

Ma tha sibh a' faighinn no a' clàradh fiosrachadh mu dhaoine, dèanaibh cinnteach nach eil sibh a' bristeachd laghan Dìon Fiosrachaidh (bheir am Manaidsear agaibh tuilleadh fiosrachaidh dhuibh).

##### 2.4 Tha sibh a' riochdachadh Fèisean nan Gàidheal ma tha sibh a' cleachdadh post-d air an eadar-lìon:

- Dèanaibh cinnteach gu bheil na tha sibh a' dèanamh chum maith Fèisean nan Gàidheal agus gu bheil e a rèir feallsanachd na buidhne agus na cuiribh Fèisean nan Gàidheal ann an suidheachadh far am faodar cùis lagha a thogail nan aghaidh (m.e. tuailleas).
- Na bithibh a' càineadh dhaoine eile air an eadar-lìon leis nach eil sibh ag aontachadh.
- Stuth salach/Drabastachd: Na sgrìobhaibh e, na foillsichibh e, na cuiribh comharra-leabhair eadar-lìon ris, na coimheadaibh air agus na toiribh a-nuas bhon eadar-lìon e.

##### 2.5 'Sgrùdadh Dealain':

Chan fhaodar fiosrachadh sam bith bho na goireasan FT a chleachdadh gus sùil a chumail air dè tha neach-obrach a' dèanamh (m.e. a' coimhead air na tha iad a' dèanamh, dè cho fad 's a tha iad ag obair, na faidhlichean a tha iad a' cleachdadh, na làraichean-lìn air a bheil iad a' coimhead, a' leughadh nam post-d no faidhlichean prìobhaideach aca msaa) gun faighneachd dhaibh ro-làimh.

Ach a-mhàin nuair a tha:

- casaid shònraichte ann mu droch ghiùlan, nuair as urrainn don Sgioba Stiùiridh cead a thoirt do dhaoine coimhead air an leithid fiosrachaidh nuair a tha iad a' rannsachadh na casaide
- e do-dhèanta do luchd FT gun a bhith a' coimhead air an leithid fiosrachaidh nuair a tha iad a' cur rudeigin ceart.

Nuair a thachras sin, thèid innse don neach sa bhad agus chan fhaic ach na na daoine a dh'fheumas am fiosrachadh. A rèir a' chiad phuing, 's dòcha gum bi iad air an casg bho ghoireasan FT fhad 's a tha an rannsachadh a' dol air adhart.

### 3. Poileasaidh Puist-d

3.1 Cuin a bu chòir post-d a chleachdadh:

- Cleachdaibh e an àite pàipear gus fios a chur gu luath gu daoine (a' sàbhaladh ùine a thaobh lethbhreacan / sgaoileadh) agus gus an uiread pàipeir a thathar a' cleachdadh a lughdachadh. Smaoinichibh agus thoiribh sùil air brathan mus cuir sibh iad (dìreach mar a dhèanadh sibh le brath air pàipear).
- Cleachdaibh am fòn (agus fàgaibh brath mura h-eil freagairt ann) airson brathan a dh'fheumas sibh a chur ann an cabhag (faodaidh sibh post-d a chleachdadh cuideachd, no na àite).
- Cleachdaibh duilleagan-lìn/faidhlichean co-roinnte/bogsa-tasgaidh (chan e post-d) Fèisean nan Gàidheal gus fiosrachadh a tha an ìre mhath stèidhichte a sgaoileadh (me, poileasaidhean, dòighean-obrach, sgrìobhainnean mìneachaidh, stuthan fiosrachaidh, agus fiosrachadh stèidhichte eile). Clàraich fiosrachadh air Sharepoint ann an dòigh rianail, (bruidhneibh ri Riaghladair nan Siostaman Lìn ma dh'fheumas sibh). Cleachdaibh puist-d dìreach mar dòigh aire dhaoine a thoirt do dh'fhiosrachadh ùr no a chaidh atharrachadh air an eadra-lìon.

3.2 A' Cleachdadh Liostaichean Sgaoilidh:

- Cuiribh post-d chun nan daoine a bu chòir fhaighinn; na sgaoilibh e (m.e. ga sgaoileadh gu buidhnean mòra de dhaoine a' cleachdadh ailiasan puist-d) mura feum sibh, oir dh'fhaodadh sin cùisean a chur troimh chèile. Tha puist-d air nach eil feum (no treallaich) a' cosg rùm air an dìosg agus a' fàgail a' choimpiutair nas slaodaiche.
- Cleachdaibh ailiasan coitcheann (Nòta3) airson conaltradh obrach a-mhàin.
- Ma tha sibh ag iarraidh fiosrachadh no iarrtasan aig nach eil ceangal ri obair a sgaoileadh (me, fiosrachadh no beachdan mu chùisean poilitigeach nach eil a' buntainn ri iomairtean Fèisean nan Gàidheal, cùisean pearsanta, iarrtasan pearsanta airson fiosrachadh msaa), tha e nas fheàrr cunntas post-d eadar-lìon (Nòta4) a chleachdadh no cunntas post-d a th' agaibh a-staigh; na cleachdaibh ailiasan (obrach) coitcheann.
- Cleachdaibh ailiasan puist-d 'a-staigh' san t-siostam 'a-staigh' aig Fèisean nan Gàidheal a-mhàin. Ma tha sibh a' cur post-d gu ailias Fèisean nan Gàidheal agus gu seòladh taobh a-muigh Fèisean nan Gàidheal, cuiribh an seòladh ailias mar chopaidh carboin falaichte (bcc) gus nach fhaic an neach a-muigh an ailias a-staigh.
- Na cuiribh post-d le ceanglaichean gu buidhnean mòra de dhaoine – cuiribh fios sa phost-d mu far am faic daoine e (m.e. air duilleag làrach-lìn), no cuiribh an teacsa am broinn a' phuist-d fhèin. Mura dèan sibh sin, tha e a' cur uallach mòr air an lìonra.

3.3 Comhairle fharsaing mu chleachdadh phuist-d:

- Nuair a tha sibh a' foillseachadh no a' sgaoileadh fiosrachadh taobh a-muigh Fèisean nan Gàidheal, cuimhnichibh gu bheil sibh a' riochdachadh Fèisean nan Gàidheal agus 's math dh'fhaodte gum bi daoine a' smaoinichadh gu bheil sibh a' bruidhinn às leth FnG. Dèanaibh soilleir e gur e beachd pearsanta a th' ann. Mura h-eil sibh cinnteach, bruidhneibh ris a' mhanaidsear agaibh.
- Thoiribh sùil air ur bogsa-bratha gu cunbhalach tron latha-obrach. Na fàgaibh cus bhrathan sa bhogsa-bratha, cha bu chòir ach na brathan ris am feum sibh dèiligeadh a bhith ann. Feuch gun smaoinich sibh ciamar a tha sibh a' dol a dhèiligeadh ri gach post-d fhad 's a tha sibh ga leughadh (m.e. cuiribh às dha, freagraibh e, sàbhailibh am post-d gu pasgan, no thoiribh am fiosrachadh feumail às airson sàbhaladh ann an àite iomchaidh).
- Cumaibh lethbhreacan dealain air faidhle de chòmhradh dealain, agus na cumaibh ach am fiosrachadh a tha a dhith oirbh. Na clò-bhuailibh e air pàipear agus na cumaibh lethbhreac pàipeir mura h-eil cruaidh fheum agaibh air.
- Cleachdaibh Ro-leasachain sa bhogsa-chuspair mar as iomchaidh (Nòta5).
- Nochdaibh spèis do chàch san aon dòigh 's a bhiodh sibh fhèin ag iarraidh gun dèiligeadh daoine ribhse (m.e. na cuiribh fiosan dimeasach air ais, na bithibh ag argamaid no ag iarraidh air co-obraichean sealltainn gu bheil iad mì-thoilichte le gnìomhan / co-dhùnaidhean co-obraiche eile).
- Na cuiribh puist-d air adhart gu daoine a' toirt rabhadh mu bhiorasan (gu math tric chan eil annta ach cleasan-meallaidh agus tha a h-uile teansa ann gum bi fios aig Luchd-taice FT mu bhiorasan da-rìribh mu thràth – mura h-eil sibh cinnteach, cuiribh fios thuca). Bidh McAfee, Norton msaa a' foillseachadh liostaichean de bhrathan-meallaidh agus bhiorasan da-rìribh.

3.4 Modh ann am Puist-d:

- Ma tha sibh modhail bidh barrachd teansa ann gum faigh sibh an fhreagairt a bha sibh ag iarraidh. Cleachdaibh

ainm an neach aig toiseach a' bhratha, gu sònraichte ma tha sibh a' copairgeadh buidheann eile de dhaoine a-staigh ann.

- Cleachdaibh tiotalan cuspair soilleir agus iomchaidh m.e. na cleachdaibh tiotalan mar "rudan" Na cuiribh brath fo chuspair mar "cunntasan" gu neach-cunntais.
- Feuch gun cùm sibh ri aon chuspair airson gach post-d, gu sònraichte ma tha susbaint thoinnte ann.
- Tha e nas fheàrr ma tha grunn phuist-d aig an neach-leughaidh mu ghrunn chuspairean, agus tha iad nas fhasa an lorg a-rithist agus am faidhleadh. Tha e buailteach ma gheibh neach aon phost-d a' bualadh air grunn chuspairean, nach tuig iad e, no nach toir iad feart air.
- 'S e cleachdadh cumanta a th' ann '\*' a chur air gach ceann de dh'fhacal (mar \*ruith\*) gus aire a tharraing thuige.
- Faodaidh sibh litrichean mòra (m.e. RUIITH) a chleachdadh gus cuideam a chur air faclan, ach cha bu chòir an cleachdadh ro thrì, oir thathar a' coimhead air mar dòigh gus sealltainn gu bheil sibh 'ag èigheachd'.
- Na fosglaidh puist-d mura h-eil beachd math agaibh dè tha na bhroinn, m.e. fosglaidh aithisg.doc bho choobraiche as aithne dhuibh.
- Na fosglaidh rannsaich.zip bho sheòladh air nach cuala sibh riamh, ged a chòrdadh e ribh sin a dhèanamh. Cuiribh fios gu Luchd-taice FT ma gheibh sibh brath mar seo gun iarraidh. Seo aon de na dòighean as èifeachdaiche Fèisean nan Gàidheal a dh'ionn bho bhòrasan puist-d.
- Cumaibh ur fo-fhios pearsanta puist-d goirid.
- Ann an seula-sgrìobhte àbhaisteach, gheibhear ur n-ainm, tiotal, àireamh fòn/facs agus seòladh làrach-lìn. Tha bun-shampall de sheula-sgrìobhte aig Fèisean nan Gàidheal airson puist-d.
- Bidh tuigse agaibh air mar a tha cur-air-adhart phuist-d ag obrachadh. Ma chuireas sibh post-d air adhart, tha coltas ann (don neach-leughaidh) gun tàinig e bhon neach a chuir e sa chiad dol-a-mach (coltach ri bhith a' cur cèis dhùinte air adhart). Ma dh'atharraicheas sibh e agus an uair sin ma chuireas sibh air adhart e, bidh coltas air gur ann bhuaibhse a thàinig e le, mar as trice, fiosrachadh a' chiad neach na lùib. Tha seo airson sealltainn gun deach am brath atharrachadh (coltach ri bhith a' cur cèis air adhart a chaidh fhosgladh).

#### 4. Measgachadh

##### 4.1 Bathar-cruaidh is Bathar-bog:

Bu chòir dhan Mhanaidsear FT aontachadh ri gach nì a thèid a cheannach, 's e as fheàrr ma thèid an ceannach tron bhuidseat FT.

##### 4.2 A' Cur Bathar-bog air Coimpiutair:

Faighibh cead bho Luchd-taice FT mus cuir sibh bathar-bog (a' gabhail a-steach bathar-bog poblach – faicibh Nòta6) air coimpiutairean fo shealbh/fo stiùir Fèisean nan Gàidheal.

##### 4.3 A' gluasad agus a' stòradh dàta air an lìonra:

- Bu chòir luchd-obrach taic-chopaidh den dàta aca a dhèanamh gu cunbhalach air dràibhichean fa leth a tha air an cumail ann an àite eile seach an oifis, m.e., san dachaigh aca. Ma thachras gun tèid coimpiutairean Fèisean nan Gàidheal a chur air lìonra, gheibhear tuilleadh stiùiridh air stòradh dàta. Bu chòir uidheaman stòraidh so-ghiùlain a bhith air an dìon le facal-faire.
- Iarraibh air Luchd-taice FT comhairle a thoirt dhuibh ma dh'fheumas sibh tòrr dàta a stòradh, a ghluasad no a làimhseachadh, gu sònraichte mas e faidhlichean fuaimne no bhidio a th' anna. Lìonaidh na faidhlichean mòra seo dìosgaichean gu math luath agus faodaidh iad stad a chur air an lìonra o bhith ag obair.
- Smaoinichibh mus cuir sibh faidhlichean pearsanta (gun cheangal ri Fèisean nan Gàidheal) air lìonra Fèisean nan Gàidheal (Nòta7).
- Na dèanaibh copaidhean de dh'fhaidhlichean san iùl-lann phearsanta agaibh fhèin ma tha iad rim faotainn air an lìonra, mura a h-eil adhbhar math agaibh (m.e. tha sibh ag iarraidh an atharrachadh no feumaidh sibh an cleachdadh agus thathar a' dol a chur às do no a' dol a dh'atharrachadh nan copaidhean coitcheann) oir tha seo a' lìonadh an dìosg gun adhbhar.

##### 4.4 A' cleachdadh ghòireasan airson adhbharan cur-seachad no pearsanta:

Faodar seo a dhèanamh (m.e. a' cur agus a' faighinn phuist-d phearsanta, a' cluich gheamannan coimpiutaireachd agus a' siubhal an eadar-lìn) fhad 's:

- nach bi cosgais na lùib do dh'Fhèisean nan Gàidheal.
- nach toir e buaidh air ur n-obair (tha a' chùis seo an urra ri gach neach-obrach fa leth agus am manaidsear aca).
- nach brist sibh an lagh.
- nach fhàg e droch chliù air Fèisean nan Gàidheal.

##### 4.5 A' coimhead às dèidh na h-uidheim:

- Na atharraichibh mar a tha an uidheam ceangailte (coimpiutairean, uidheaman cumhachd, càball an lìonra, mòdam msaa) mura h-eil sibh cinnteach dè tha sibh a' dèanamh, gun a bhith a' cur fios gu Luchd-taice FT an

toiseach.

- Na toiribh biadh no deochan a-steach gu seòmraichean far a bheil uidheaman sònraichte mar frithealaichean.

#### 4.6 Clò:

- Tha Fèisean nan Gàidheal a' moladh gun cleachd sibh clò Tahoma aig meudachd 11 nuair a tha sibh a' conaltradh no a' sgrìobhadh aithisgean.

### **NÒTAICHEAN**

(1) Bathar-bog Fèisean nan Gàidheal: Seo bathar-bog a chaidh a sgrìobhadh le luchd-obrach no luchd saor-thoileach agus iad a' cleachdadh uidheam Fèisean nan Gàidheal. 'S ann le Fèisean nan Gàidheal a tha e, agus chan fhaodar a chleachdadh airson adhbharan taobh a-muigh na buidhne. Tha cead aig sgrìobhadairean bathar-bog (agus oileanaich) a tha air am fastadh aig Fèisean nan Gàidheal "portfolio" beag a thoirt leotha de chòd tùsail/gnìomhan stiùiridh airson bathar-bog den t-seòrsa seo, a chruthaich iadsan math dh'fhaodte, airson a chleachdadh ann an obair eile, ma gheibh iad aonta bhon Stiùiriche.

(2) Faclan-faire pearsanta: Gan sealltainn do luchd-obrach, luchd saor-thoileach no daoine eile: 'S dòcha gum feum sibh sin a dhèanamh uaireannan. Chan fhaodar seo a dhèanamh ach nuair a gheibh sibh cead bhon Sgioba Stiùiridh. Ma dh'innseas sibh ur facal-faire do chuideigin airson gnothach sònraichte a thachras dìreach aon turas, feumaidh sibh dèanamh cinnteach gun tèid ur facal-faire atharrachadh an uair sin (le bhith a' cur fios gu Luchd-taice FT) aon uair 's gu bheil an gnothach seachad. Ri linn 's gun lean Obair a' Ghnìomhachais, 's dòcha gum feum sibh am facal-faire agaibh innse don mhanaidsear agaibh, air eagal 's gum bi sibh gun chomas a chleachdadh.

(3) 'S e a th' ann an ailias puist-d, giorrachaidhean gus puist-d a sgaoileadh taobh a-staigh na buidhne gu daoine. Innsidh Luchd-taice FT dhuibh dè th' anna agus ciamar a tha sibh gan cleachdadh.

(4) 'S e a th' ann an cunntasan puist-d eadar-lìon, cunntasan puist-d pearsanta air an stòradh air an eadar-lìon, agus faodaidh sibh am fosgladh ann an àite sam bith, me, aig an taigh no ann an cybercafé. Innsidh Luchd-taice FT dhuibh mu mar a chuireas sibh an leithid a chunntas air dòigh.

(5) Ro-leasachain sa Bhogsa Chuspair: 'S iad 'C' airson 'Cabhaig', 'MFD'; airson 'Mar Fhiosrachaidh Dhuibh', agus 'GD' airson 'Gnìomhachd a Dhìth'. Ma tha brath goirid agaibh a thig dìreach san loidhne chuspair, bu chòir dhuibh '\*\*' a chur roimhe gus innse don duine, "dìreach leugh an loidhne seo".

(6) Bathar-bog poblach no Freeware: Gheibhear am bathar-bog seo an asgaidh, mar as tric le bhith ga thoirt a-nuas bhon eadar-lìon.

(7) Dàta Pearsanta: Mar stiùireadh, cumaibh ur dàta pearsanta aig ìre nas lugha na 10MB. Sa chumantas bidh 0.15MB ann an deich puist-d (bidh seo an crochadh air a bheil dad ceangailte riutha). Ann an deich duilleagan de sgrìobhadh bidh mu 0.1MB. Bidh ìomhaighean a thèid an cleachdadh mar 'gleidheadairean sgrìon' a' cleachdadh tòrr a bharrachd den dìosg – bidh feadhainn dhuibh cho mòr ri 2MB.